

Dè cho math 's a tha an sgoil AGAINN?

Goireas gus taic a chumail ri com-
pàirt an neach-ionnsachaidh ann
am fèin-luachadh agus
leasachadh sgoile.

Pàirt a Dhà



A' leasachadh beatha tro ionnsachadh



Clàr-innse

Ro-ràdh	2
Cuibhle an t-Sunnd	4
Rudan cudromach ri smaoineachadh air an tòiseach	5
Cuspair 1 Na dàimhean againn	6
Cuspair 2 An t-ionnsachadh is teagasg againn	12
Cuspair 3 An sgoil is a' choimhearsnachd againn	18
Cuspair 4 An t-slàinte is sunnd againn	24
Cuspair 5 Na soirbheachasan is coileanaidhean againn	30

Ro-ràdh

Chaidh am frèam-obrach seo a chruthachadh le Foghlam Alba airson clann is òigridh a chionn 's gu bheil e cudromach gum bi cothrom agad do bheachdan a chur air adhart air dè cho math 's a tha an sgoil agad agus mar a ghabhadh a dèanamh nas fheàrr. Tha fios againn gun urrainn do chlann is òigridh cuideachadh gus piseach a thoirt air na sgoiltean aca nuair a bhios cothrom aca am beachdan a chur air adhart agus mar sin, tha e cudromach gum bi thu an sàs ann an seo san sgoil agad. 'S e fèin-luachadh an dòigh anns am bi sgoiltean a' co-dhùnadh dè tha a' dol gu math agus dè a ghabhadh a dhèanamh na b' fheàrr. Cuidichidh seo sgoiltean gus a bhith a' comharrachadh nan ceuman a dh'fheumas iad gabhail airson fàs nas fheàrr. Tha a' phàirt agad ann an seo fìor chudromach.

Chuidich clann agus òigridh air feadh na h-Alba sinn gus am frèam-obrach seo a chruthachadh. Ghabh iad pàirt ann am bùithtean obrach agus dh'innis iad dhuinn dè na rudan as cudromaiche dhaibh mun sgoil. Chuidich iad sinn gus am beachdan a sheòrsachadh ann an còig cuspairean mòra

Is iad seo na còig cuspairean:

Cuspair 1:

Na dàimhean againn



Tha seo a' gabhail a-steach chàirdeasan, dhàimhean le luchd-teagaisg is inbhich eile a bhios a' toirt taic dhuinn, cothrom buaidh a thoirt air rudan, co-ionannachd agus cothromachd, ethos agus cultar, agus a' faireachdainn gu bheillear a' faighinn taic agus cùram.

Cuspair 2:

An t-ionnsachadh is teagasg againn



Tha seo a' gabhail a-steach a' churraicealaim, càileachd nan gnìomhan ionnsachaidh, farsaingeachd nan dòighean-teagaisg agus cothrom air deagh ghoireasan ionnsachaidh.

Cuspair 3:

An sgoil is a' choimhearsnachd againn



Tha seo a' gabhail a-steach nan goireasan agus an àrainneachd airson ionnsachadh, cothrom air teicneolas didseatach, farsaingeachd na h-uidheamachd airson cluich is gnìomhachd chorporra, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh chothrom aig a h-uile duine air na goireasan seo. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach cheanglaichean matha eadar an sgoil againn agus na teaghlaichean againn agus le buidhnean com-pàirteach sa choimhearsnachd.

Cuspair 4:

An t-slàinte is sunnd againn



Tha seo a' gabhail a-steach cothrom air deagh bhiadh beathachail cho math ri taic airson ar sunnd faireachail agus corporra agus ar slàinte inntinn.

Cuspair 5:

Na soirbheachasan is coileanaidhean againn



Tha seo a' gabhail a-steach cothroman airson coileanadh an dà chuid sa sgoil againn agus sa choimhearsnachd, a bhith comasach air an adhartas, na duaisean is na teisteanasan as fheàrr 's a ghabhas a dhèanamh cho math ris na sgilean as fheàrr airson cosnadh is ionnsachadh fad-bheatha.

Tha sinn air gach cuspair a cheangal ris na slatan-tomhais deagh-ghnè iomchaidh ann an Dè cho math 's a tha an sgoil againn? Ceathramh Eagran (2015), am frèam-obrach a bhios luchd-obrach sgoile a' cleachdadh gus taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh. Cuidichidh seo gus dèanamh cinnteach gum bi an fhianais agad a' cur ri fèin-luachadh na sgoile air fad, cho math ri fianais bho luchd-teagaisg, pàrantan agus feadhainn eile a bhios a' cumail taic ris an sgoil agad. Is urrainn do luchd-obrach na sgoile agad barrachd innse dhut mu dheidhinn seo.

Taobh 1

**COMHARRAN DE
MHODH-OBRACH
ÀRD-ÈIFEACHDACH**

eisimpleirean den t-seòrsa deagh chleachdadh a nì atharrachadh gu tric air mar a bhios clann is òigridh ag ionnsachadh agus a' coileanadh. Chan e reasabaidh airson sgoil a th' anna. Tha gach sgoil eadar-dhealaichte. Tha na h-eisimpleirean an seo a' sealltainn dhuinn cuid de na rudan a tha clann is òigridh gu tric a' meas luachmhor san sgoil aca.

Taobh 2

**GNÌOMHACHDAN
A MHOLAMAID
GUS FIANAIS A
CHRUIÑNEACHADH**

beagan eisimpleirean gus toiseach-tòiseachaidh a dhèanamh ach is dòcha gun smaoinich thu air dòighean eile gus fianais a thional taobh a-staigh na sgoile agad. Chì thu cuideachd gu bheil cuid de na molaidhean taobh a-staigh gach cuspair furasta atharrachadh gus fianais a thional mu chuspairean eile.


Taobh 3

**CEISTEAN
DEASBAID**

gus do chuideachadh gus clann is daoine òga eile a thoirt a-steach. Chan eil anna seo ach beagan eisimpleirean airson toiseach-tòiseachaidh. 'S mathaid gun smaoinich thu air na ceistean agad fhèin nuair a dh'fhàsas na sgilean fèin-luachaidh agad nas fheàrr. Dèan cinnteach gum bi an dòigh-obach agad in-ghabhaltach gus am bi a h-uile duine a' faireachdainn gu bheil iad a' gabhail pàirt anns a' chùis. Tha seo a' ciallachadh gum bi thu a' ruigsinn gach bliadhna-sgoile agus gach diofar buidheann de luchd-ionnsachaidh anns an sgoil agaibh.

Cuibhle an t-Sunnd

Tha tòrr den chloinn agus den òigridh ann an Alba eòlach air Cuibhle an t-Sunnd mar-thà. Gabhaidh a cleachdadh gus do chuideachadh le smaoineachadh is bruidhinn air an adhartas agad gus na h-ath cheuman a phlanadh. Tha sinn air a chur san sgrìobhainn seo oir dh'fhaodte gum bi e feumail ann an cuid de na gnìomhan fèin-luachaidh agaibh. Bu chòir gun tèid aig luchd-obrach is com-pàirtichean air do chuideachadh gus barrachd a thuigsinn mu mar a ghabhas a' chuibhle a chleachdadh agus mu na h-amasan aice.



Beagan rudan cudromach ri smaoineachadh mu dheidhinn an toiseach

Tha am frèam-obrach seo gad bhrosnachadh gus gnìomhan a dhèanamh san sgoil agad gus fianais a chruinneachadh mar phàirt den fhèin-luachadh agad. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach agallamhan, coimheadachd, ceisteachain agus buidhnean fòcais, mar eisimpleir. Ge b' e dè na dòighean-rannsachaidh a chleachdas tu, feumaidh tu riaghailtean bunaiteach aontachadh ro làimh is a bhith a' cumail riutha. Tha seo gus nach tèid dragh a chur air, no cron a dhèanamh air duine sam bith anns a' choimhearsnachd sgoile agad mar thoradh air an obair a nì thu gus fianais a chruinneachadh is gus aithris a dhèanamh air seo.

- Bu chòir dhut beachdachadh air na gnìomhan agad gus fianais a chruinneachadh le ball den luchd-obrach agus aontachadh orra còmhla riutha.
- Dèan cinnteach gu bheil làn thuigse aig a h-uile duine a tha an sàs ann an cruinneachadh fianais air do shon cò mu dheidhinn a bhios tu a' cruinneachadh fianais agus dèan cinnteach gu bheil iad air aontachadh gu soilleir gus do chuideachadh le seo. Tha seo a' ciallachadh mar eisimpleir, nach urrainn dhut agallamh a dhèanamh le luchd-obrach no coimhead orra is iad ag obair ach a-mhàin ma tha iad làn eòlach air carson a tha thu ga dhèanamh agus ma dh'aontaicheas iad pàirt a ghabhail.
- Beachdaich air, agus aontaich, mar a nì thu cinnteach gum bi an dòigh anns am bi thu a' cruinneachadh fianais a' dìon na prìobhaideachd aig daoine. Tha seo a' ciallachadh nach ainmich thu daoine fa leth is nach sgaoil thu na thuirt iad do dhaoine eile gun chead bhuaipa. Mar eisimpleir, nan robh thu a' dèanamh agallamh le neach-teagaisg, chlàradh tu e/i mar neach-teagaisg 1 seach a bhith ga (h-) ainmeachadh.
- Cuimhnich gu bheil còir aig a h-uile duine a bhith a' sgur de bhith a' gabhail pàirt anns na gnìomhan fhèin-luachaidh agad uair sam bith a thogras iad. Ma tha thu a' dèanamh agallamhan, coimheadachd no suirbhidhean, dèan cinnteach gun innis thu seo do dhaoine aig an toiseach.
- Mu dheireadh, bu chòir dhut smaoineachadh gu faiceallach am bi agad ri bhith ag obair le inbhich, clann no òigridh a dh'fhaodadh a bhith ann am buidheann so-leònte mar phàirt den chruinneachadh fianais agad. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach daoine air a bheil ciorram mar eisimpleir. Oobraich gu dlùth ris an luchd-obrach gus aontachadh mar bu chòir fianais a chruinneachadh mu cò ris a tha e coltach do bhuidhnean so-leònte san sgoil agad.

Cuspair 1



Na dàimhean againn

Tha an cuspair seo mu dheidhinn dè cho math 's a tha a h-uile duine a' cumail taic ri càch a chèile gus obrachadh is ionnsachadh agus airson a bhith soirbheachail san sgoil agad. Tha seo mu chàileachd nan dàimhean am measg nan sgoilearan agus eadar sgoilearan agus na h-inbhich a tha ag obair le clann is òigridh mar phàirt den choimhearsnachd sgoile agad. Tha seo na chuspair cudromach oir mar as trice, bheir an dàimh eadar thu fhèin agus na daoine timcheall ort bhuidh mhòr air ma tha thu a' faireachdainn mun sgoil.

Seo cuid de na comharran aig modh-obrach fìor èifeachdach:

Tha an sgoil againn fàilteach agus tha a h-uile duine a' faireachdainn gu bheil buntainneas aca ris an sgoil. Tha cothrom aig na sgoilearan uile càirdean a dhèanamh agus a bhith a' faireachdainn mar phàirt de bhuidhinn.

Chan eil duine sam bith san sgoil againn a' faireachdainn gu bheil a' dèanamh leth-bhreith orra mar thoradh air an aois, gnè, cinnidheachd, creideamh, taobhadh gnèitheasach no ciorram aca.

Tha an luchd-obrach againn coibhneil agus tha iad gar cuideachadh gus a bheil a' faireachdainn sàbhailte san sgoil. Tha sinn a' faireachdainn sona, sàbhailte, air ar gabhail a-steach, agus gu bheil spèis oirnn, taobh a-staigh coimhearsnachd na sgoile againn.

Tha dòighean èifeachdach aig an sgoil againn air dèiligeadh ri droch ghiùlan gus an gabh dàimhean a chàradh agus gus am bi dàimhean dòigheil a-rithist.

Tha còraichean na cloinne agus na h-òigridh cudromach san sgoil againn. Tha cothrom air a bhith againn cur ri lèirsinn, luachan agus amasan na sgoile againn.

Tha inbheach aig a h-uile sgoilear a tha iad a' faireachdainn a tha gu math eòlach orra. Tha a h-uile duine a' faireachdainn gum faod iad a' dol chun an inbhich earbsaich sin airson taic is comhairle, fiù 's mu shuidheachaidhean dìomhair.

Tha luchd-obrach is clann an dùil ri deagh ìre giùlan anns an sgoil againn. Bidh a h-uile duine a' sealltainn spèis do chàch a chèile.

Tha an luchd-obrach air fad a' toirt taic dhuinn gus an dèan sinn gu math. Tha iad a' toirt dùbhlàn dhuinn a bhith a' feuchainn rudan ùra agus a bhith a' togail ar cuid misneachd. Tha fios aca gur dòcha nach dèan sinn rudan gu ceart a' chiad turas agus bidh iad gar brosnachadh gu gnìomhach gus cumail oirnn agus gus fuasglaidhean a lorg.

Thathar gar brosnachadh gus uallach a ghabhail airson ar gnìomhan fhèin agus ar dàimhean fhèin. Thathar an dùil gun smaoinich sinn air a' bhuidhean a th' aig na rudan a nì sinn air daoine eile.

Tha an luchd-obrach againn nan deagh mhodailean dhuinn. Bidh iad a' brosnachadh dhàimhean matha anns an sgoil againn agus timcheall air an sgoil againn.

Tha an t-ionnsachadh againn gar cuideachadh gus cnuasachadh air mar a thogas sinn deagh dhàimhean agus mar a bhruidhneas sinn mu mar a tha sinn a' faireachdainn.

Tha modhan àrachail làidir aig an sgoil againn a tha gar cuideachadh gus deagh dhàimhean agus sunnd a thogail.

Beagan mholaidhean airson a bhith a' cruinneachadh fianais mun chuspair seo san sgoil agaibh:

 ULLAICH	 DÈAN	 MEÒRAICH agus CO-ROINN
<p>Cruthaich suirbhidh do sgoilearan gus faighinn a-mach mar a tha daoine a' faireachdainn mu na dàimhean anns an sgoil agad. Cleachd cuid de na feartan de mhodh-obrach àrd-èifeachdach gus na ceistean a chruthachadh airson an t-suirbhidh agad.</p>	<p>Dèan an suirbhidh, a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhut na beachdan fhaighinn bho luchd-ionnsachaidh aig diofar ìrean agus le feumalachdan eadar-dhealaichte taobh a-staigh na sgoile agad. Cuir ri chèile na toraidhean agus dèan taisbeanadh do sgoilearan is luchd-obrach.</p>	<p>Dè tha toraidhean an t-suirbhidh ag innse dhut mu chàileachd nan dàimhean anns an sgoil agad?</p> <p>Ciamar as urrainn dhuibh obrachadh còmhla gus aghaidh a chur air dùbhlann sam bith a chaidh a thogail san t-suirbhidh agaibh?</p> <p>Dè an ìre 's gu bheil feum air poileasaidhean no dòighean-obrach ùra gus dèiligeadh ris na ceistean a chaidh a thogail?</p>
<p>Faigh a-mach dè tha luchd-tadhail dhan sgoil agad a' faireachdainn mun ethos agus mun chultar a chì iad.</p>	<p>Iarr air luchd-tadhail beachdan a thoirt seachad tro dhuilleag measaidh, suirbhidh, deasbad aig buidheann fòcas no tro bhogsa airson beachdan dìomhair. Cleachd teicneolas didseatach gus na beachdan aca a ghlacadh, ma ghabhas sin dèanamh.</p>	<p>Dè cho fàilteach is càirdeil 's a tha an sgoil agad do luchd-tadhail?</p> <p>Dè cho math 's a tha luachan na sgoile agad gan sealltainn anns an dòigh anns a bheil luchd-tadhail dhan sgoil air an làimhseachadh?</p> <p>Dè a bharrachd a dh'fhaodadh coimhearsnachd na sgoile agaibh a dhèanamh gus sealltainn gu bheil a' cur luach ann, agus ag aithneachadh, na bhios luchd-tadhail a' cur ris an sgoil?</p>
<p>Faigh a-mach cho math 's a tha an sgoil agad air deagh dhàimhean a bhrosnachadh tro na stuthan fiosrachaidh is sanasachd a bhios i a' sgaoileadh do dhaoine eile.</p>	<p>Dèan sgrùdadh air leabhar-làimhe na sgoile, bileagan do phàrantan, stuthan sanasachd eile agus/no air làrach-lìn na sgoile feuch a bheil an sgoil gan cleachdadh gus sunnd, co-ionannachd agus iomadachd a bhrosnachadh.</p>	<p>Dè an ìre 's gum bi na dealbhan a thèid a chleachdadh gus an sgoil a bhrosnachadh a' riochdachadh coimhearsnachd na sgoile agaibh air fad?</p> <p>A bheil teachdaireachdan sònraichte ann mu cho cudromach 's a tha deagh dhàimhean anns an sgoil agad taobh a-staigh na subsaint didseataich agus ann an stuth sgrìobhte sam bith a thèid a sgaoileadh?</p> <p>A bheil poileasaidh co-ionannachdan ùraichte aig an sgoil agus a bheil a h-uile duine mothachail air?</p> <p>Am bithear a' brosnachadh agus a' comharrachadh co-ionannachd agus iomadachd gu leòr san sgoil agad?</p>



ULLAICH



DÈAN



MEÒRAICH agus CO-ROINN

Rannsaich mar a bheir an sgoil agad cothrom do sgoilearan draghan a thogail ann an diomhaireachd agus rannsaich am feumar barrachd a dhèanamh.

Iarr air luchd-obrach is sgoilearan innse dhut mu na dòighean-obrach gus dragh dìomhair a thogail. Faigh a-mach mar a tha na dòighean-obrach seo air an co-roinn le sgoilearan is pàrantan.

A bheil fios aig a h-uile duine mar a thogas iad draghan dìomhair?

An gabhadh seo a leasachadh, mar eisimpleir, le barrachd 'bogsaidhean draghan' no le bhith a' cruthachadh innealan didseatach gus draghan a thogail?

Faigh a-mach barrachd mu mar a bhios deagh dhàimhean gam brosnachadh agus mar a nithear cinnteach gum bi deagh dhàimhean ann sna clasaichean agus mar a chuidicheas seo ionnsachadh anns an sgoil agad.

Gabh cuairt tron sgoil agus feuch am faic thu eisimpleirean de riaghailtean/cairtean. Faighnich de bhuidhnean fòcais de luchd-ionnsachaidh dè cho math 's a tha iad seo gan cleachdadh. Cruinnich eisimpleirean de mar a bhios luchd-teagaisg a' brosnachadh agus a' toirt taic do dhòighean-giùlain deimhinneach.

Rannsaich na tha air a mhìneachadh ann am poileasaidh dàimhean no giùlan na sgoile.

Dè an ìre 's gu bheil dòigh-obrach chunbhalach ann gus dèanamh cinnteach gum bi deagh dhàimhean aig daoine air feadh na sgoile?

Dè an ìre 's gu bheil sgoilearan an sàs ann an cruthachadh nan riaghailtean/slatan-tomhais?

Dè cho math 's a tha na rudan seo a' cumail taic ris a h-uile duine gus ionnsachadh is coileanadh gu math?

A bheil sgoilearan ann nach fhaigh buannachd bhon dòigh làithrich aig an sgoil airson a bhith a' brosnachadh deagh ghiùlan?

Ciamar a thathar a' toirt taic dhaibh?

Beagan cheistean gus do chuideachadh le bhith bruidhinn ri daoine eile san sgoil agad mun chuspair seo:

???

Ciamar a tha an sgoil againn gad chuideachadh gus faireachdainn gu bheil buntainneas agad ris an sgoil?

???

Ciamar a tha fios againn gu bheilear a' dèiligeadh ris a h-uile duine anns an sgoil againn le spèis agus ann an dòigh chothromach?

???

Dè am fios a th' agad mu mar a bhios an sgoil againn a' coimhead às do dhèidh is gad chumail sàbhailte?

???

A bheil rud sam bith ann a tha a' fàgail gu bheil thu a' faireachdainn mì-shàbhailte san sgoil againn?

???

Ciamar a bhios an luchd-teagaisg againn a' cuideachadh sgoilearan airson a bhith a' faighinn air adhart le càch a chèile. Dè an diofar a nì seo a thaobh cho thoilichte 's a tha thu san sgoil?

???

Ciamar a tha fios agad dè a thathar a' sùileachadh bhuat a thaobh do mhodh-giùlain le daoine eile san sgoil againn?

???

Ciamar a tha na h-oidhirpean agad gus dèanamh gu math san sgoil gan aithneachadh le luchd-obrach anns an sgoil againn? Ciamar a bhios an sgoil againn gad chuideachadh gus a bhith a' faireachdainn math mu do dheidhinn fhèin?

???

Dè cho math 's a bhios an sgoil againn a' dèiligeadh ri suidheachaidhean far a bheil dol a-mach mì-ìomchaidh ann?

???

Dè na dòighean anns a bheil an sgoil againn a' toirt cothrom do sgoilearan càirdeas a thogail leis an fheadhainn aig a bheil ùidh anns an aon seòrsa rud?

???

Dè cho math 's a tha sinn a' taisbeanadh luachan na sgoile againn tro na dàimhean agus gnìomhan againn?



An t-ionnsachadh is teagasg againn

Tha an cuspair seo mu dè cho math 's a bhios taic ga toirt dhan a h-uile duine anns an sgoil agad gus ionnsachadh agus coileanadh. Tha e a' cur fòcas air cho cudromach 's a tha ionnsachadh is teagasg èifeachdach, cho cudromach 's a tha e deagh ghoireasan a bhith ann agus air farsaingeachd nan cothroman ionnsachaidh anns an sgoil agad.

Seo cuid de na comharran aig modh-obrach fìor èifeachdach:

Tha clann agus daoine òga a' togail sgilean agus beachdan a tha gan cuideachadh gus ullach a ghabhal airson taobhan den ionnsachadh aca fhèin.

Tha a h-uile duine anns an sgoil againn a' tuigsinn gu bheil còir againn a bhith ag ionnsachadh agus a' coileanadh. Obraichich sinn còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt spèis dhan chòir seo.

Anns an sgoil againn, tha ionnsachadh dùbhlanaich agus tlachdmhor. Tha an t-ionnsachadh againn ioma-chùiseach. Tha na gnìomhan ionnsachaidh againn a' gabhal a-steach a bhith ag ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, anns a' choimhearsnachd agus nas fhaide air falbh.

Aig leasan agus gnìomhan ionnsachaidh eile, èistidh sinn gu faiceallach ris an luchd-teagaisg againn. Bidh a h-uile duine modhail agus mar sin, is urrainn dhuinn ionnsachadh gu math.

Tha na leabhraichean, an t-uidheam agus na goireasan eile a bhios sinn a' cleachdadh airson ionnsachadh furasta cothrom fhaighinn orra agus ann an deagh staid. Tha a h-uile rud againn a tha a dhìth oirnn gus ionnsachadh agus gus dèanamh cho math 's as urrainn dhuinn.

Tha sin an sàs gu mòr ann a bhith a' planadh na bhios sinn ag ionnsachadh agus ciamar a bhios sinn ag ionnsachadh. Bidh cothroman againn co-dhùnaidhean a dhèanamh mun ionnsachadh againn.

Tha an t-ionnsachadh againn air a phlanadh gus an urrainn dhuinn uile togail air an fhiosrachadh is air na comasan a th' againn mar-thà. Tha an t-ionnsachadh againn diofaraichte a rèir nam feumalachdan againn. Cha bhi a h-uile duine sa chlas daonna a' dèanamh an aon ghnìomh.

Gheibh sinn beachdan feumail air ais air an obair againn. Tha sinn uile a' tuigsinn na tha sinn air dèanamh gu math agus na dh'fheumas sinn dèanamh gus dèanamh nas fheàrr.

Tha sinn comasach air bruidhinn gu misneachail mu na sgilean a tha sinn a' togail. Tha sinn a' tuigsinn mar a tha na sgilean seo gar cuideachadh gus barrachd a choileanadh anns an sgoil, anns a' choimhearsnachd agus nuair a tha sinn ag ullachadh airson saoghal na h-obrach.

Bidh an sgoil againn a' toirt seachad farsaingeachd de chothroman ionnsachaidh a tha a rèir nan ùidhean is miannan againn. Nuair a tha sinn a' gluasad tron sgoil, is urrainn dhuinn an t-ionnsachadh againn a dhoimhneachadh tro bhith a' speisealachadh ann an cuid de raointean.




Bidh an luchd-obrach againn a' planadh ionnsachadh is measadh gu math gus am bi sinn mothachail air coileanadh. Tha na dòighean-obrach acasan gar cuideachadh gus deagh shlàinte inntinn a bhith againn.

Tha an t-ionnsachadh againn gar cuideachadh gus sgilean litearrachd agus àireamhachd làidir a thogail. Tha sinn a' faireachdainn misneachail gu bheil sinn comasach air na sgilean seo a chleachdadh gus taic a thoirt dhuinn ann an diofar shuidheachaidhean.

Tha an t-ionnsachadh againn a' toirt comas dhuinn cur ris na sgilean didseatach againn. Tha cothrom againn air farsaingeachd de theicneolas didseatach ùr agus bidh sinn a' cleachdadh seo san ionnsachadh againn.

Beagan mholaidhean airson a bhith a' cruinneachadh fianais mun chuspair seo san sgoil agaibh:

 ULLAICH	 DÈAN	 MEÒRAICH agus CO-ROINN
<p>Gabh cuairt ionnsachaidh gus deagh shùil a thoirt air an sgoil agad. Mus tòisich thu, co-dhùin de na taobhan de dh'ionnsachadh air a bheil thu airson fòcas a chur. Mar eisimpleir, dh'fhaodte gum bi thu airson sùil a thoirt air taisbeanaidhean air a' bhalla, goireasan didseatach, goireasan air a' bhlàr a-muigh, no cruth nan seòmraichean-clas.</p>	<p>Tron chuairt ionnsachaidh agad, sgrìobh nòtaichean mu na rudan a tha a' toirt deagh thaic do ionnsachadh agus rudan far a bheil atharrachaidhean no leasachaidhean a dhìth.</p>	<p>Ciamar a bhios an sgoil agad a' taghadh eisimpleirean de rudan a tha ag obrachadh gu math agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-eisimpleirean sin gan cleachdadh air feadh na sgoile?</p> <p>Dè seòrsa atharrachaidhean a bu toil leis na sgoilearan? Dè an diofar a dhèanadh na h-atharrachaidhean seo?</p> <p>Ciamar a dh'fhaodadh na h-atharrachaidhean taic a thoirt dhan a h-uile duine airson a bhith ag ionnsachadh nas fheàrr?</p>
<p>Cuir air dòigh beagan thursan airson a bhith a' coimhead air, agus a' clàradh, cò ris a tha ionnsachadh is teagasg coltach. Mus dèan thu sin, faigh a-mach mun phoileasaidh ionnsachaidh is teagaisg aig an sgoil agad: Obraich còmhla ri luchd-obrach gus aontachadh na bhios tu a' coimhead air nuair a bhios tu ann an leasan. Beachdaich air na tursan agad a dhèanamh còmhla ri luchd-obrach.</p>	<p>Clàraich na chunnaic thu a' cleachdadh nan slatan-tomhais a tha thu air aontachadh, agus air co-roinn le luchd-obrach.</p>	<p>Dè tha a' dèanamh leasan math a rèir do cho-aoisean?</p> <p>Dè an ìre 's gu bheil an t-ionnsachadh a chunnaic thu a rèir seo?</p> <p>Ciamar as urrainn beagan uallach a bhith air sgoilearan airson a bhith a' leasachadh ionnsachadh is teagasg?</p> <p>A bheil an t-ionnsachadh is teagasg anns an sgoil agad a' coileanadh feumalachdan an luchd-ionnsachaidh uile?</p>
<p>Coinnich ri buidhnean fòcais de sgoilearan bho dhiofar ìrean air feadh na sgoile. Co-dhùin de na ceistean a chuidicheas iad gus na beachdan aca a chur an cèill. Dh'fhaoidte gum bi e feumail fòcas a chur air taobhan sònraichte de dh'ionnsachadh is teagasg, mar eisimpleir, obair-dachaigh, leabhraichean is goireasan, no na roghainnean a bhios aig sgoilearan ann an ionnsachadh.</p>	<p>Dèan cinnteach gu bheil na buidhnean a' riochdachadh farsaingeachd nan sgoilearan san sgoil agad.</p>	<p>Dè seòrsa ionnsachadh is teagasg a tha tlachdmhor agus dùbhlanaich a rèir nan sgoilearan?</p> <p>Dè seòrsa atharrachaidhean a bu toil leotha fhacinn?</p> <p>Ciamar as urrainn do sgoilearan cur ri leasachadh ionnsachadh is teagasg?</p>

 ULLAICH	 DÈAN	 MEÒRAICH agus CO-ROINN
<p>Obraich le luchd-obrach gus dàta a chomharrachadh is a mhion-sgrùdadh air taobhan de bheatha na sgoile, mar eisimpleir, eisimpleirean de bhurraidheachd, prògraman airson deagh ghiùlan/deagh dhàimhean, ìrean frithealaidh, às-dùraidhean agus coileanadh.</p>	<p>Cleachd dàta na sgoile agad gus faighinn a-mach dè tha ag obrachadh gu math agus far a bheil leasachaidhean a dhìth.</p> <p>Coimhead air dàta thairis air diofar ìrean, bliadhnaichean-sgoile no roinnean gus faicinn mar a ghabhadh a leasachadh.</p>	<p>Dè tha an dàta ag innse dhut mun sgoil agad?</p> <p>Ciamar as urrainn do sgoilearan agus luchd-obrach a bhith ag obair còmhla airson a bhith a' leasachadh nan raointean air an do choimhead thu?</p>
<p>Faigh a-mach a bheil curraicealam na sgoile agad a rèir feumalachdan nan sgoilearan. Dh'fhaodadh seo a bhith a' cur fòcas air raon curraicealaim sònraichte no a bhith na shealladh nas fharsainghe thar na sgoile.</p>	<p>Cruthaich aithisg/mapa/ taisbeanadh mu na tha an sgoil agad a' tairgsinn do sgoilearan aig diofar ìrean. Beachdaich air seo le sgoilearan.</p> <p>Coimhead air mar a bhios an sgoil a' cumail taic ri ionnsachadh nuair a tha clann feumach air taic a bharrachd, mar eisimpleir, barrachd taic anns a' chlas, tìde le tidsear taic-ionnsachaidh.</p>	<p>Dè tha a' còrdadh ris na sgoilearan mu na bhios an sgoil agad a' tairgsinn?</p> <p>An urrainn dhut sealltainn mar a tha an curraicealam a' cuideachadh sgoilearan gus sgilean a thogail airson obair agus airson am beatha às dèidh na sgoile?</p> <p>A bheil na sgoilearan den bheachd gum bu chòir rud sam bith eadar-dhealaichte a bhith sa churraicealam?</p> <p>A bheil sgoilearan a' faighinn na làn-chòir aca air ionnsachadh airson seasmhachd agus taic airson a bhith nan saoranach cruinneil? Ciamar a tha fios agad?</p>

Beagan cheistean gus do chuideachadh le bhith bruidhinn ri daoine eile san sgoil agad mun chuspair seo:

???

Dè cho tarraingeach 's a tha an sgoil againn agus dè cho math 's a tha i air a cumail suas? Ciamar a b' urrainn dhuinn an sgoil a dhèanamh nas tarraingiche?

???

A bheil na goireasan agus an uidheamachd uile againn anns an sgoil a tha a dhìth oirnn airson a bhith ag ionnsachadh? Ciamar a tha fios againn?

???

Ciamar a nì an sgoil againn cinnteach gu bheil cothroman cunbhalach againn airson a bhith a' taghadh dè bhios sinn ag ionnsachadh agus ciamar?

???

A bheil cothrom againn uile ionnsachadh ann an dòighean a tha a rèir nam feumalachdan againn fhèin no a bheilear an dùil gun dèan sinn uile na h-aon rudan sna h-aon dòighean?

???

Dè cho feumail 's a tha na beachdan sgrìobhte/beòil a gheibh sinn air ais bhon luchd-teagaisg againn?

???

Ciamar a tha fios againn gu bheil an luchd-obrach againn a' toirt an aire do na beachdan againn nuair a tha iad a' planadh ionnsachadh is teagasg?

???

Dè cho math 's a tha sinn air cunntas a thoirt air na sgilean a tha sinn a' togail tron ionnsachadh againn agus air mar a bhios sinn gan cleachdadh taobh a-muigh na sgoile?

???

Dè cho furasta 's a tha e dhuinn fios a bhith againn air an adhartas a tha sinn a' dèanamh anns an sgoil agus dè cho furasta 's a tha e seo innse do na pàrantan/luchd-cùraim againn?

???

Dè an ire 's gum bi sinn a' cleachdadh teicneolas didseatach gus taic a chumail ris an ionnsachadh againn? An gabhadh seo a leasachadh?

Cuspair 3



An sgoil is a' choimhearsnachd againn

Tha an cuspair seo mu mar a tha thu a' faireachdainn mun sgoil agad mar àite ionnsachaidh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach dè an coltas a th' air an sgoil agad, dè cho furasta 's a tha e gluasad mun cuairt anns an sgoil agus a bheil na goireasan ann a tha a dhìth ort airson a bhith a' dèanamh gu math san sgoil. Tha an cuspair seo na chuideachadh dhut cuideachd airson a bhith a' beachdachadh air cho math 's a tha an ceangal eadar an sgoil agad agus a' choimhearsnachd ionadail.

Seo cuid de na comharran aig modh-obrach fìor èifeachdach:

Tha sinn a' faireachdainn sàbhailte ann an toglaichean agus àrainn na sgoile. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil riaghaltean ann gus ar dìon, agus tha fios againn gu bheil inbhich ann a tha a' cumail sùil air na raointean-cluiche againn gus ar cumail sàbhailte agus gus ar cuideachadh ann an cùis èiginn.

Tha soidhnichean follaiseach san sgoil againn airson nan diofar raointean. Tha toglaichean na sgoile agus an sgìre timcheall oirre glan agus fàilteachail. Bidh a h-uile duine ag obair còmhla gus na h-ìrean àrda seo a chumail suas.

Tha cothrom againn air taighean-beaga, goireasan èididh agus goireasan nighe a tha a' toirt prìobhaideachd is urram dhuinn. Nuair a dh'fheumas sinn cur umainn, faodaidh sinn seo a dhèanamh ann am prìobhaideachd.

Tha cothrom aig clann agus daoine òga na beachdan aca a chur air adhart air mar a ghabhadh àrainneachd na sgoile againn a leasachadh. Tha togalach agus àrainn na sgoile a' toirt aire do na beachdan againn agus tha e a' còrdadh ruinn a bhith ann mar thoradh air seo.

Thèid fios a chumail ruinn mu atharrachaidhean a tha gu bhith ann air togalach, goireasan agus àrainn na sgoile agus gheibh sinn fios cunbhalach air ais air na molaidhean is beachdan againn.

Tha sinn cinnteach gu bheil fios aig a h-uile duine a tha ag obair anns an sgoil againn mar a chumas iad sàbhailte sinn. Tha seo a' gabhail a-steach suidheachaidhean nuair a bhios sinn a' dol a-mach às an sgoil air turasan no nuair a bhios sinn a' falbh airson oidhche mar phàirt de thuras.

Tha sinn math air uallach a ghabhail agus airson ar cumail fhèin sàbhailte cho math ri bhith a' cumail sùil air daoine eile. Tha seo a' gabhail a-steach fios a bhith againn air mar a chumas sinn sinn fhèin sàbhailte nuair a thathar a' cleachdadh teicneolas digiteach.

Tha na clasaichean againn fàilteachail le deagh ghaothrachadh (ventilation) agus deagh sholasachadh. Tha rùm gu leòr ann airson a h-uile duine, agus is urrainn dhan a h-uile duine faighinn a-mach is a-steach dhan t-seòmar-chlas gu furasta.

Tha na seòmraichean-clas agus àiteachan ionnsachaidh ann an cruth a tha toirt cothrom dhuinn a bhith ag eadar-obrachadh agus a' co-obrachadh gu math ann an leasan. Tha tòrr àiteachan san sgoil as urrainn dhuinn cleachdadh airson cluich agus airson bruidhinn ris na càirdean againn.

Is urrainn dhuinn cur ri co-dhùnaidhean mu bhith a' ceannachd uidheamachd is goireasan ionnsachaidh ùr.




Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha seasmhachd. Bidh sinn a' toirt taic ghnìomhach do seo tro bhith ag ath-chuairteachadh farsaingeachd de stuthan. Bidh sinn a' dèanamh ar dìcheall gus sgudal a lùghdachadh agus gus siubhal gnìomhach dhan sgoil a bhrosnachadh.

Bidh a' choimhearsnachd san fharsaingeachd a' faighinn buannachd à goireasan na sgoile. Bithear a' cleachdadh na sgoile againn gus goireasan ionnsachaidh is cur-seachad a thoirt seachad do dh'inbhich is do theaghlaidhean a tha a' fuireach san sgìre.

Cleachdaidh sinn na goireasan anns a' choimhearsnachd ionadail, gu sònraichte àiteachan air a' bhàr a-muigh gus taic a thoirt dhan ionnsachadh againn agus gus dèanamh cinnteach gun gabh sinn pàirt ann an nàdar gach latha.

Beagan mholaidhean airson a bhith a' cruinneachadh fianais mun chuspair seo san sgoil agad:

 ULLAICH	 DÈAN	 MEÒRAICH agus CO-ROINN
<p>Dèan measadh air an ìre 's gu bheil clann/daoine òga an sàs ann an co-dhùnaidhean mu leasachaidhean ann an togalach, goireasan agus gàrradh na sgoile agad.</p>	<p>Thoir sùil air na gearr-chunntasan aig comhairle nan sgoilearan, a' chomhairle-eco, no buidhnean eile aig na sgoilearan agus thoir an aire do mholaidhean no draghan a tha sgoilearan air togail. Faigh a-mach na tha air tachairt mar thoradh air seo. Bruidhinn ri comhairle nan sgoilearan agus ri buidhnean eile agus faigh a-mach ciamar a nì iad cinnteach gu bheil iad a' riochdachadh beachdan na cloinne/òigridh uile anns an sgoil.</p>	<p>Dè an ìre 's gu bheil an sgoil agad air feart a thoirt air na beachdan is draghan a thog clann/ òigridh?</p> <p>A bheil am pròiseas gus beachdan agus draghan a thogail soilleir dhan chloinn/ òigridh uile?</p> <p>Ciamar a tha fios agad?</p>
<p>Obraich còmhla ri luchd-obrach na sgoile gus sgrùdadh a chur air dòigh de dh'àrainn na sgoile. Beachdaich air so-ruigsinneachd, sàbhailteachd, tèarainteachd, glaineachd, àiteachan sòisealta, uidheamachd an raoin-chluiche agus àiteachan airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh.</p>	<p>Air a' chuairt agad tron sgoil, dèan nòta de na rudan a tha a' còrdadh ri clann/òigridh mun sgoil agad agus rud sam bith a ghabhadh a leasachadh. Beachdaich air, agus aontaich, mar a b' urrainn do sgoilearan, luchd-obrach, pàrantan agus com-pàirtichean a bhith ag obair còmhla gus na leasachaidhean a bu toil leat fhaicinn a chur an gnìomh. Bidh agad ri prìomhachadh agus ri bhith pràtaigeach a thaobh cosgaisean is stòrasan.</p>	<p>Dè cho math 's a tha gàrraidhean na sgoile agad a' cumail taic ri ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh agus a' toirt cothrom làitheil dhuinn air nàdar?</p> <p>A bheil àrainn na sgoile tèarainte gus am bi clann/ òigridh a' faireachdainn sàbhailte rè an latha sgoile?</p> <p>Dè seòrsa leasachaidhean a bu toil leis na sgoilearan?</p> <p>Dè cho ruigsinneach 's a tha an sgoil agad do dhaoine a tha ann an cathair-chuibhle no aig a bheil duilgheadasan le staidhrichean.</p> <p>An gabhadh so-ruigsinneachd a leasachadh anns an sgoil agad?</p>
<p>Dèan sgrùdadh gus faighinn a-mach cho lùth-èifeachdach 's a tha an sgoil agad.</p>	<p>Cruthaich sgioba de chlann is òigridh mar mhonatairean lùtha. Cuir rota air dòigh gus an urrainn dhaibh diofar sheòrsaichean de chleachdadh lùtha a chlàradh. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh iad a bhith a' clàradh nan solasan a tha air/dheth air feadh na sgoile no a bhith a' coimhead air modhan-obrach a thaobh ath-chuairteachadh a bhios a' caomhnadh lùth.</p>	<p>Dè tha na toraidhean ag innse dhuinn mu cho lùth-èifeachdach sa tha coimhearsnachd na sgoile agad?</p> <p>A bheil poileasaidh seasmhachd aig an sgoil agus a bheilear ga chur an gnìomh?</p> <p>Ciamar a dh'fhaodadh an sgoil cur ri ionnsachadh mu sheasmhachd gus am bi a h-uile duine nas mothachaile gum bu chòir dhaibh a bhith lùth-èifeachdach?</p> <p>Ciamar a thathar a' brosnachadh na cloinne gus coiseachd/ rothaireachd dhan sgoil?</p>

 ULLAICH	 DÈAN	 MEÒRAICH agus CO-ROINN
<p>Meòraich air dè cho math 's a bhios an sgoil agad a' cleachdadh teicneolas didseatach gus fuasglaidhean a lorg air cùisean cumanta a thogas daoine ann an coimhearsnachd na sgoile.</p>	<p>Cruthaich balla ionnsachaidh gus sealltainn mar a thathar a' cleachdadh ghoireasan didseatach anns an sgoil agaibh. Cruthaich cothroman airson a h-uile duine ann an coimhearsnachd na sgoile gus cur ris a' bhalla agad gus nach tèid rud sam bith a dhiochumhneachadh.</p>	<p>A bheil deagh chothrom aig sgoilearan air teicneolas didseatach airson ionnsachadh thar a' churraicealaim air fad?</p> <p>Am b' urrainn dhan sgoil agad barrachd feum a dhèanamh de dh'fhuasglaidhean didseatach, mar eisimpleir, aplacaidean gus obair-dachaigh a cho-roinn le pàrantan, còdaichean QR gus an urrainn do sgoilearan aithris air rudan briste no cunnartan sàbhailteachd anns an sgoil?</p> <p>Dè an ìre 's gum bi a' choimhearsnachd sgoile agad a' cleachdadh ghoireasan didseatach ann an dòigh chruthachail is thionnsgalach?</p>
<p>Dèan rannsachadh gus faighinn a-mach cho sàbhailte 's a tha an àrainn inntrigidh dhan sgoil far a bheilear a' fàgail no a' togail clann is òigridh.</p>	<p>Dèan aithisg air mar a bhios daoine a' pàirceadh taobh a-muigh agus faisg air an sgoil agad aig na h-amannan trang seo. Cuir fios ann mu shoidhnichean agus mu cheuman airson socrachadh-trafaig.</p>	<p>Dè cho eòlach 's a tha pàrantan air na riaghailtean sàbhailteachd timcheall air an sgoil agad agus dè an ìre 's gum bi iad gan leantainn?</p> <p>Dè cho math 's gum bi maoir-choimhearsnachd ionadail a' cumail taic ri sàbhailteachd timcheall air an sgoil?</p> <p>Ciamar as urrainn do choimhearsnachd na sgoile agad a bhith ag obair còmhla gus cur ri sàbhailteachd timcheall air an sgoil agad?</p>

Beagan cheistean gus do chuideachadh le bhith bruidhinn ri daoine eile san sgoil agaibh mun chuspair seo:

???

Ciamar a gheibh thu cothrom do bheachdan a chur air adhart air mar a ghabhas toglaichean is goireasan na sgoile agad a leasachadh?

???

Dè na leasachaidhean a bu toil leat fhaicinn ann an togalach na sgoile againn?

???

Ciamar a tha sgoilearan an sàs anns a' phròiseas gus luchd-obrach a thaghadh airson na sgoile? Dè an ìre 's gu bheil sgoilearan a' faireachdainn gu bheil a' cur luach anns na beachdan againn air fastadh luchd-obrach?

???

Dè cho sàbhailte 's a tha thu a' faireachdainn san sgoil againn? Dè bhios an sgoil againn a' dèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil thu sàbhailte?

???

Dè do bheachd air cliù na sgoile againn sa choimhearsnachd? Dè a bhios na meadhanan ionadail ag ràdh mun sgoil againn? Dè an ìomhaigh a th' aig an sgoil againn air na meadhanan sòisealta? Am b' urrainn dhuinn cuideachadh gus na teachdaireachdan seo a dhèanamh nas fàbharaiche?

???

Dè cho èifeachdach 's a tha an sgoil againn air deagh naidheachd innse do dhaoine eile mun sgoil agus mun chlann/òigridh a bhios a' dol innte?

???

An urrainn dhut mìneachadh mar a tha na goireasan anns an sgoil gad chuideachadh gus ionnsachadh ann an dòigh chruthachail agus gus rudan ùra fheuchainn?

???

A bheil goireasan anns an sgoil againn a tha gad bhrosnachadh a bhith ri gnìomhachd chorpóra? Dè an ìre 's gu bheil na goireasan seo air an cleachdadh leis na sgoilearan uile?

???

Am bi luchd-obrach agus sgoilearan ag obair còmhla gus fuasglaidhean didseatach agus beachdan ùra a lorg airson cur ri ionnsachadh? Dè cho fosgailte 's a tha luchd-obrach do bheachdan bho chlann/òigridh?

???

An toil leat na goireasan ithe anns an sgoil againn? Dè cho tric 's a bhios tu gan cleachdadh? A bheil roghainn math gu leòr de bhiadh ann airson a h-uile duine? A bheil an t-seirbheis math gu leòr airson an fheadhainn aig a bheil feumalachdan ithe sònraichte?

Cuspair 4



An t-slàinte is sunnd againn

Tha an cuspair seo mu cho math 's a tha an sgoil gad chuideachadh gus beachdan is dòighean-giùlan fallain a thogail agus gus fèin-spèis is misneachadh a bhrosnachadh. Tha e a' cur fòcas air cho math 's a tha thu a' togail sgilean is eòlas gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh, gus uallach a ghabhail agus gus spèis a bhith agad air càch. Tha e a' gabhail a-steach a h-uile duine a bhith an sàs anns a h-uile taobh den sgoil agad agus a bhith a' comharrachadh agus a' cur luach ann an eadar-dhealachaidhean.

Seo cuid de na comharran aig modh-obrach fìor èifeachdach:

Tha sinn a' faireachdainn gu bheil sinn cudromach san sgoil againn. Bheir luchd-obrach moladh, brosnachadh, aithneachadh agus duaisean iomchaidh dhuinn. Tha seo gar brosnachadh agus a' cur ris a' mhisneachd is fèin-spèis againn.

Tha an t-ionnsachadh againn gar cuideachadh gus sgilean a thogail gus dèiligeadh ri dùbhlain agus ri atharrachaidhean. Tha sinn ag ionnsachadh mar a dhèiligeas sinn ri cùisean nuair a bhios àm duilich againn agus tuigidh sinn gur dòcha gum bi e comasach dhuinn gluasad air adhart agus a bhith nas toilichte san àm ri teachd leis an taic cheart.

Tha a h-uile duine san sgoil againn eòlach air, agus a' tuigsinn, cuibhle an t-sunnd. Cleachdaidh sinn i gus measadh cho math 's a tha sinn a' dèanamh le ar sunnd fhèin.

Tha an sgoil againn gar cuideachadh gus tuigsinn mar a bheir na rudan a dh'itheas sinn, an ìre de dh'èacarsaich a gheibh sinn agus na co-dhùnaidhean a nì sinn a thaobh ar dol a-mach agus dàimhean a' toirt buaidh air ar cuid bhodhaigean agus air an dòigh anns a bheil sinn a' smaoineachadh agus a' faireachdainn mar deidhinn fhèin.

Anns an sgoil againn, tha nithean ann gus taic a chumail ruinn gus taic inntinneil agus faireachail a chumail ruinn, mar eisimpleir bogsaichean-dhraghan, buddies, meantoran agus eadar-mheadhanairean co-aoiseach.

Tha an sgoil againn a' toirt comas dhuinn cunnart a mheasadh agus a stiùireadh agus a bhith a' tuigsinn dè a thachras ma roghnaicheas sinn riosgan a ghabhail.

Tha cothrom againn air deagh bhiadh a tha fallain, beathachail agus air prìs reusanta ann an àrainneachd ithe shòisealta. Bithear a' sireadh ar beachdan mu na roghainnean bìdh a bhios ann agus bidh sinn a' faighinn fiosrachadh soilleir mu roghainnean agus prìsean.

Tha cothrom againn air uisge-òil tron latha-sgoile agus faodaidh sinn uisge òl fhad's a tha sinn ag ionnsachadh.

Tha an t-ionnsachadh againn mu shlàinte is sunnd a' toirt aire dhan àite far a bheil sinn a' fuireach agus air na duilgheadasan is dùbhlain a th' againn anns a' choimhearsnachd againn. Tha an t-ionnsachadh iomchaidh airson clann is òigridh aig gach diofar ìre.




Tha cothroman againn buaidh a thoirt air an ionnsachadh againn mu shlàinte is sunnd agus airson eòlas pearsanta agus sòisealta. Bidh luchd-obrach a' freagairt nan ceistean is nam molaidhean againn mu na bu chòir a bhith ann.

Tha an sgoil a' toirt cothroman do na teaghlaidhean againn gus sgilean ionnsachadh gus slàinte is sunnd a bhrosnachadh, mar eisimpleir, còcaireachd, pàrantachd, a' bhuidhe aig na meadhanan sòisealta, agus a bhith sàbhailte air loidhne.

Thathar an dùil gum bi sinn earbsach agus tha sinn ag ionnsachadh mar a ghabhas sinn ri barrachd uallaichean agus sinn a' fàs nas sine.

We understand the rights to which we are entitled and the adults in our school community support us to exercise these rights. We show respect for the rights of others.

Beagan mholaidhean airson a bhith a' cruinneachadh fianais mun chuspair seo san sgoil agad:

 ULLAICH	 DÈAN	 MEÒRAICH agus CO-ROINN
<p>Cùm buidhnean fòcais gus faighinn a-mach mar a bhios an t-ionnsachadh aig clann/òigridh a' cumail taic ri sunnd. A' cleachdadh cuibhle an t-sunnd, tagh taisbeanair sunnd no dhà mar an cuspair airson nan còmhraidhean agad.</p>	<p>Tagh agus bruidhinn ri buidheann riochdachail den luchd-obrach san sgoil agad. Faighnich dhaibh mar a bhios an t-ionnsachadh aca gan cuideachadh gus na diofar thaobhan de shunnd a thuigsinn. Faigh a-mach dè cho eòlach 's a tha iad air cuibhle an t-sunnd.</p>	<p>Dè tha an fhianais ag innse dhut mun phrìomhachas a tha ga thoirt do dh'ionnsachadh mu shunnd san sgoil agad?</p> <p>Dè an ìre 's gum faod sgoilearan bruidhinn mu mar a chuidicheas an sgoil iad gus a bhith a' faireachdainn sàbhailte, fallain, gnìomhach, gu bheil iad a' coileanadh, gu bheil iad gan àrach mar as còir, gu bheil spèis ga toirt dhaibh agus gu bheil iad air an gabhail a-steach?</p> <p>Às dèidh a' bheachdachadh agaibh air slatan-tomhais a thaobh sunnd, an gabhadh fear no dhà dhiubh sin a chleachdadh gus prìomhachasan a shuidheachadh airson cuid de na thaobhan de shlàinte is sunnd anns an sgoil agaibh?</p>
<p>Dèan measadh air a' bhuaidh a th' aig prògram taic co-aoisean sam bith a th' anns an sgoil agad, mar eisimpleir buddying, eadar-mheadhanachadh, luchd-taic sa chlas no meantoradh. Cruthaich ceistean airson an fheadhainn a tha an sàs anns na rudan seo.</p>	<p>Faigh a-mach cò tha an sàs anns na prògraman sin agus dèan beagan agallamhan gus faighinn a-mach dè a' bhuannachd a tha iad a' faighinn às a' phrògram.</p>	<p>Dè seòrsa sgilean a tha clann a' togail tro thaic bho cho-aoisean?</p> <p>A bheil taic bho cho-aoisean ag obair gu math san sgoil agad no a bheil thaobhan dheth feumach air atharrachadh?</p> <p>Dè cho math 's a tha an trèanadh aig an luchd-taic co-aoiseach? A bheil iad a' faireachdainn misneachail gu bheil iad math gu leòr air seo?</p>
<p>Dèan sgrùdadh air na taisbeanaidhean ann an trannaichean agus àiteachan sòisealta na sgoile agaibh gus faicinn dè cho math 's a tha iad air an cleachdadh gus sunnd, in-gabhaltachd agus co-ionannachd a bhrosnachadh.</p>	<p>Cruthaich liosta-sgrùdaidh le cuid de na prìomh thaobhan de shunnd a bhios tu a' lorg. Dh'fhaodte gum bi na slatan-tomhais a thaobh sunnd na dheagh àite tòiseachaidh airson seo.</p>	<p>A bheil na taisbeanaidhean a' brosnachadh nan slatan-tomhais uile a thaobh sunnd?</p> <p>A bheil na taisbeanaidhean anns na h-àiteachan as fheàrr gus an stad na sgoilearan gus coimhead orra? Ciamar a tha fios agad?</p> <p>Dè an ìre 's gu bheil dealbhan anns na taisbeanaidhean a tha a' sealltainn iomadachd anns an t-sòisealtas agus san àite-obrach?</p>



ULLAICH

Faigh a-mach cho math 's a bhios an sgoil agad a' co-obrachadh le com-pàirtichean anns a' choimhearsnachd agaibh gus cothroman a leudachadh gus cur ri sunnd na cloinne/òigridh.



DÈAN

Tagh taobh de churraicealaim na slàinte is sunnd, mar eisimpleir, eòlas pearsanta agus sòisealta, eòlas corporra no eaconomas-dachaigh. Iarr air luchd-obrach innse dhut mu na diofar chom-pàirtichean a tha a' cumail taic ri ionnsachadh anns an raon seo den churraicealam. Bruidhinn ri cuid de na com-pàirtichean sin air a' fòn no iarr orra pàirt a ghabhail ann am buidheann fòcais. Faighnich dhaibh mu na tha iad a' cur ris a' churraicealaim. Iarr air na sgoilearan innse dhut dè an luach a tha iad a' cur anns na rudan tha na com-pàirtichean sin a' dèanamh.



MEÒRAICH agus CO-ROINN

Dè an fhianais a th' ann gu bheil an sgoil agad a' cleachdadh farsaingeachd de chom-pàirtichean gus taic a chumail ris a' churraicealaim airson slàinte is sunnd? Dè cho buntainneach agus cuideachail 's a tha an cuideachadh bho chom-pàirtichean a rèir nan sgoilearan? A bheil com-pàirtichean eile ann a bu toil le na sgoilearan a bhith an sàs ann an diofar thaobhan de shunnd?

Beagan cheistean gus do chuideachadh le bhith bruidhinn ri daoine eile san sgoil agad mun chuspair seo:

???

A bheil eisimpleirean agad dè mar a bhios an sgoil againn a' moladh deagh shaothair agus a' comharrachadh soirbheas?

???

A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil na h-inbhich a tha ag obair anns an sgoil againn nan deagh eisimpleirean do chlann is òigridh a thaobh beatha fallain?

???

Ciamar a bhios seòmar-bìdh na sgoile againn a' brosnachadh ithe fallain?

???

Dè na rudan a bhios an sgoil againn a' dèanamh a tha a' brosnachadh a h-uile duine gus a bhith fallain? Dè a ghabhadh leasachadh?

???

A bheil cothroman gu leòr againn buaidh a thoirt air a' bhiadh a tha ri fhaighinn aig àm lòn agus aig àm cluich san sgoil againn? Dè na h-atharrachaidhean a bu toigh leat fhaicinn?

???

Am bithear a' brosnachadh co-ionannachd agus iomadachd ann an dòigh mhath gu leòr san sgoil againn? Carson a tha thu den bheachd seo?

???

Ciamar a bhios an sgoil againn a' toirt taic iomchaidh dhan fheadhainn a tha a' dol tro àm duilich no dùbhlach? A bheil sinn cinnteach gum faigh sinn deagh thaic, mar eisimpleir, ma tha cuideigin a' fulang bho bhurraidheachd?

???

A bheilear a' dèiligeadh ris a h-uile duine anns an sgoil againn le spèis agus ann an dòigh chothromach? Ciamar a tha fios againn?

???

Dè cho math 's a tha luchd-obrach air sealltainn dhuinn gu bheil iad a' cur luach anns na beachdan againn agus gan cleachdadh gus rudan a leasachadh?

???

Dè na taobhan den churraicealaim againn anns a bheil deagh chothroman airson a bhith a' cur ris an eòlas is ris na sgilean againn, a' gabhail a-steach comas a bhith a' smaoineachadh is a' bruidhinn mun t-slàinte is sunnd againn?

???

Dè cho math 's as urrainn dhuinn an t-adhartas againn a thuigsinn agus a mheasadh a' cleachdadh cuibhle an t-sunnd? A bheil gu leòr tìde sa churraicealam gus an dèan sinn seo?

???

Dè na dòighean anns am bi an sgoil againn gar cuideachadh gus tuigsinn mar as urrainn do dhaoine eile sa choimhearsnachd taic a chumail ris an t-slàinte is sunnd againn?

???

Dè am fios a th' agad mu na tachartasan a tha a' tachairt ron latha sgoile, tron latha sgoile no às dèidh làimh a tha a' brosnachadh beatha fallain?

Cuspair 5



Na soirbheachasan is coileanaidhean againn

Tha an cuspair seo a' coimhead air cho math 's a tha an sgoil agad air taic a thoirt dhan a h-uile duine gus cothroman a bhith aca na sgilean, ùidhean is tàlantan aca a leasachadh an dà chuid taobh a-staigh a' chlas agus taobh a-muigh a' chlas agus na sgoile. Tha e a' cur fòcas air dè cho math 's a tha a h-uile duine a' soirbheachadh agus air an tuigse aig clann is òigridh air carson a tha sgilean cudromach aig an àm seo, agus airson obraichean san àm ri teachd.

Seo cuid de na comharran aig modh-obrach fìor èifeachdach:

Tha cothrom aig a h-uile duine san sgoil againn a bhith a' brosnachadh farsaingeachd de dhiofar ùidhean is tàlantan agus gus sgilean ùra a thogail.

Bidh luchd-obrach gar brosnachadh uile agus a' toirt taic dhuinn uile airson a dhol an sàs ann an raointean anns a bheil ùidh againn agus gar cuideachadh gus cnap-starra sam bith a sheachnadh a dh'fhaodadh casg a chur oirnn bho bhith a' gabhail pàirt.

Tha an sgoil againn gar cuideachadh airson a bhith a' tuigsinn carson a tha e na phàirt chudromach den fhoghlam againn, agus den ullachadh airson obair is beatha airson na sgoile, a bhith a' gabhail pàirt ann am farsaingeachd de ghnìomhan is tachartasan.

Tha sinn a' tuigsinn mar a tha gabhail pàirt ann am farsaingeachd de ghnìomhan a' toirt comas dhuinn cur ris an sgoil agus ris a' choimhearsnachd againn ann an deagh dhòigh.

Is urrainn dhan a h-uile duine san sgoil againn pàirt a ghabhail ann am buidheann, club, sgioba no gnìomhachd taobh a-muigh uairean na sgoile ma tha iad ag iarraidh.

Bidh an sgoil a' cumail chlàraidhean cearta de chom-pàirteachadh agus euchdan nan sgoilearan agus bidh i gar cuideachadh gus aithneachadh cho cudromach 's a tha na rudan seo.

Anns an sgoil againn, bidh sinn ag aithneachadh agus a' comharrachadh gach seòrsa coileanadh. Tha sinn ga mheas cudromach nuair a bhios daoine a' feuchainn gu cruaidh gus sgil ùr ionnsachadh no a' trèanadh gu cruaidh gus ìre ùr a ruigsinn sa chur-seachad/cuspair a thagh iad.

Aig a h-uile ìre den sgoil tha deagh chothroman againn uallach a ghabhail tro bhith a' cur air dòigh agus a' stiùireadh ghnìomhan. Is urrainn dhuinn bruidhinn gu misneachail mu na sgilean a tha sinn a' togail mar thoradh air a bhith a' stiùireadh is a' co-òrdanachadh taobhan de bheatha na sgoile.

Tha an sgoil gar cuideachadh gus fàs nas eòlaiche air na seòrsaichean sgilean a tha a dhìth airson diofar obraichean san àm ri teachd, carson a tha iad seo cudromach, agus bheir i dhuinn cothrom gus na sgilean seo a chleachdadh ann an diofar dhòighean.


Tha sinn a' fàs nas fheàrr air tuigsinn nuair a tha na sgilean againn a' fàs nas fheàrr agus tha sinn nas comasaiche air bruidhinn mu dheidhinn seo. Tha deagh dhòigh againn air seo a chlàradh agus tha seo a' sealltainn gu bheil sinn a' togail air na sgilean a dh'ionnsaich sinn. Tha fios aig an sgoil againn air na sgilean a tha sinn a' togail taobh a-muigh na sgoile agus tha ùidh aice ann.




Gheibh sinn cothrom gu tric ar beachdan a chur an cèill air dè seòrsa ghnìomhan a bu toil leinn a bhith rim faighinn agus chì sinn gun tèid èisteachd ris na beachdan againn. Bidh an sgoil againn a' co-obrachadh le daoine eile, mar eisimpleir colaistean agus luchd-fastaidh, gus raon nas farsainge de ghnìomhan a thairgsinn na 's urrainn dhan sgoil fhèin.

Tha na coileanaidhean againn air an aithneachadh agus air an comharrachadh leis an sgoil agus leis a' choimhearsnachd againn tro fharsaingeachd de dhòighean a bhios a' togail na fèin-spèis is misneachd againn.

Nuair a dh'fhàsas sinn nas sine, tha cothroman againn duaisean is teisteanasan a chosnadh a tha ag aithneachadh nan coileanaidhean againn.

Beagan mholaidhean airson a bhith a' cruinneachadh fianais mun chuspair seo san sgoil agaibh:

 ULLAICH	 DÈAN	 MEÒRAICH agus CO-ROINN
<p>Dèan measadh air cho math 's a tha an sgoil agad a' brosnachadh chothroman airson coileanadh tro ionnsachadh agus gnìomhan taobh a-muigh a' chlas. Dh'fhaodte gum bi seo a' gabhail a-steach tursan gu àiteachan inntinneach sa choimhearsnachd ionadail no nas fhaide air falbh, ag ionnsachadh san àite-obrach no a bhith a' gabhail pàirt ann an sgiobaidhean is clubaichean gus gnìomhachd ùr ionnsachadh.</p>	<p>Cruinnich nas urrainn dhut de dh'fhiosrachadh mu na tha ri fhaighinn san sgoil agad. Cuir am fiosrachadh ann an diofar roinnean-seòrsa, mar eisimpleir, diofar sheòrsaichean gnìomhachd, diofar amannan a tha rudan rim faighinn, na diofar bhuidhnean air a bheil na gnìomhan ag amas, agus gnìomhan far a bheil duaisean/teisteanasan rim faighinn. Cuir fios ann mu ghnìomhan air an ruith le luchd-obrach, sgoilearan agus/no com-pàirtichean. Ullaich aithisg.</p>	<p>Dè cho math 's a bhios prògram nan gnìomhachdan a' coileanadh feumalachdan na cloinne/na h-òigridh uile san sgoil agaibh?</p> <p>A bheil deagh roghainn airson sgoilearan aig a bheil ùidh ann an diofar rudan? Dè mu dheidhinn clann is òigridh aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd?</p> <p>Dè cho furasta/doirbh 's a bha e faighinn a-mach na tha ri fhaighinn san sgoil agus anns a' choimhearsnachd?</p> <p>A bheil an t-sanasachd airson rudan math gu leòr?</p> <p>A bheil sgoilearan an sàs gu leòr ann an stiùireadh nan gnìomhan sin?</p>
<p>Beachdaich air dè cho math 's a bhios an sgoil agad a' toirt taic do chlann/òigridh a bhith a' cnuasachadh air na h-euchdan aca agus a bhith a' togail orra.</p>	<p>Iarr air luchd-teagaisg clas agus air luchd-obrach taic nan sgoilearan innse dhut mu mar a bhios iad a' cuideachadh clann/òigridh gus cnuasachadh air agus gus togail air na h-euchdan aca. Iarr air buidhnean fòcais de chlann/òigridh innse dhut mu na dh'fhiosraich iad.</p>	<p>Am bi cothroman cunbhalach aig clann/òigridh a bhith a' clàradh nan euchdan aca ann an log no portfolio? Am bi clann/òigridh a' cur luach ann an seo?</p> <p>A bheil sgoilearan a' faireachdainn gu bheil ùidh gu leòr aig luchd-obrach anns na h-euchdan aca, a' gabhail a-steach an fheadhainn taobh a-muigh na sgoile?</p> <p>A bheilear a' brosnachadh a h-uile duine gus pàirt a ghabhail ann an gnothaichean a tha a' cur ris na sgilean is euchdan aca?</p>

 ULLAICH	 DÈAN	 MEÒRAICH agus CO-ROINN
<p>Faigh a-mach ciamar a tha clann/òigridh anns an sgoil agad a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn buannachd à ionnsachadh taobh a-muigh a' chlas.</p>	<p>Comharraich buidheann de chlann/òigridh a tha a' gabhail pàirt ann am farsaingeachd de dhiofar ghniomhan ionnsachaidh taobh a-muigh a' chlas. Iarr orra bruidhinn mu na tha a' còrdadh riutha, mu na sgilean a tha iad a' togail, mu na duaisean/teisteanasan air a bheil iad ag amas agus mu thargaid sam bith a th' aca. Dèan vloga mar sanasachd airson nam buannachdan aig ionnsachadh taobh a-muigh a' chlas.</p>	<p>Dè cho furasta no doirbh 's a tha e do chlann/òigridh a bhith a' bruidhinn mu na buannachdan aig ionnsachadh taobh a-muigh a' chlas?</p> <p>Dè an àireamh sa cheud de sgoilearan a bhios a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh taobh a-muigh a' chlas?</p> <p>Ciamar as urrainn dhan sgoil barrachd dhaoine a chuideachadh gus pàirt a gabhail ann?</p> <p>Dè cho mothachail 's a tha òigridh air na buannachdan slàinte is sunnd?</p>
<p>Dèan suirbhidh gus faighinn a-mach dè cho math 's a bhios an sgoil agad a' cuideachadh clann is òigridh gus rudan ùra fheuchainn.</p>	<p>Cruthaich suirbhidh goirid, a' cleachdadh teicneolas didseatach ma ghabhas sin dèanamh. Iarr air clann/òigridh liosta a dhèanamh de rudan ùra a rinn iad bho thàinig iad dhan sgoil agad. Iarr orra innse dhut cò a bhrosnaich iad gus seo a dhèanamh.</p>	<p>Dè an àireamh sa cheud de sgoilearan a dh'fheuch rudeigin ùr?</p> <p>Cia mhead dhiubh a rinn seo mar thoradh air brosnachadh bho luchd-obrach, pàrantan, sgoilearan eile no com-pàirtichean?</p>
<p>Dèan rannsachadh air dè tha sgoilearan anns an sgoil agad a' coileanadh anns a' choimhearsnachd ionadail aca.</p>	<p>Dèan mapa de phròiseactan òigridh anns an sgìre agad anns a bheil sgoilearan an sàs. Cruinnich eisimpleirean de sgoilearan is òigridh a tha a' dèanamh obair shaor-thoileach sa choimhearsnachd agus nas fhaide air falbh.</p> <p>Dèan vlogaichean ionnsachaidh mu na rudan a tha cudromach dhut anns an sgoil agus anns a' choimhearsnachd.</p>	<p>Cia mhead sgoilear a bhios a' faighinn duaisean òigridh?</p> <p>Dè an rainse de dhuiscean a bhios iad a' faighinn?</p> <p>Am b' urrainn dhan sgoil agad barrachd taic a thoirt do sgoilearan airson a dhol an sàs ann am pròiseactan coimhearsnachd?</p> <p>Dè an t-eadar-dhealachadh a tha sgoilearan a' dèanamh a thaobh maith na coimhearsnachd ionadail?</p>

Beagan cheistean gus do chuideachadh le bhith bruidhinn ri daoine eile san sgoil agad mun chuspair seo:

???

A bheil an sgoil againn a' toirt seachad raon farsaing gu leòr airson coileanadh tron churraicealaim air fad agus tro ghnìomhachdan taobh a-muigh a' chlas?

???

Dè tha a' còrdadh riut mu na cothroman airson coileanadh a tha luchd-obrach agus com-pàirtichean na sgoile a' tairgsinn? Dè eile a bu toigh leat fhaicinn?

???

Dè am fios a th' agad mu mar a bheir an sgoil taic ionmhasail do sgoilearan nach biodh comasach air cuid de na gnìomhasan a dhèanamh, is dòcha, mur a robh taic ann?

???

A bheil coileanadh na cloinne/ na h-òigridh air fad aithnichte agus air an comharrachadh gu co-ionann anns an sgoil againn? Ciamar a tha fios againn?

???

Dè bhios an sgoil againn a' dèanamh gu math an thaobh a bhith a' clàradh nan coileanaidhean againn agus a bhith a' cumail chòmhradhean mu na h-amasan ùra a bu chòir a bhith againn? Ciamar a ghabhadh seo a leasachadh?

???

An urrainn do gach duine a bhith a' stiùireadh ghnìomhan agus a bhith a' co-roinn an cuid sgilean agus tàlantan le feadhainn eile ma tha iad ag iarraidh? An urrainn dhut beagan eisimpleirean a thoirt seachad air mar a thathar comasach air seo a dhèanamh?

???

A bheil a h-uile duine a' togail sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair tro bhith a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh taobh a-muigh a' chlas? Ciamar a tha fios againn?

???

Ciamar a bhios tu a' faighinn buannachd às an obair aig an sgoil againn le com-pàirtichean, a' gabhail a-steach cholaistean agus luchd-fastaidh anns a' choimhearsnachd san fharsaingeachd?

???

Nad bheachd, dè cho math 's a tha na pàrantan a' tuigsinn cho cudromach 's a tha na coileanaidhean a gheibh sinn tro choileanaidhean ann an gnìomhachdan sa choimhearsnachd? Am bi iad gad bhrosnachadh, agus a' toirt taic dhut, gus pàirt a ghabhail?

???

Dè an ìre 's gu bheil sinn comasach air buaidh a thoirt air leasachaidhean ann am prògram ionnsachaidh taobh a-muigh na sgoile anns ann sgoil againn?

Foghlam Alba,
Taigh Denholm,
Pàirce Gnìomhachais Almondvale,
Slighe Almondvale,
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

F +44(0)131 244 4330

P-d enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

www.education.gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2018

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Rìaghaltais cho fad 's a chaidh ath-riochdachadh gu ceart agus nach eil ann an co-theacs meallta. Bu chòir comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig Foghlam Alba air an stuth seo agus feumar tiotal na sgrìobhainn a shònrachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Nuair a tha sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil an còir-lethbhreac sin.